



Aithisg Ullachaidh à Bùth-obrach

Geàrr-chunntas

Tèama na bùth-obrach: Ath-bheothachadh cànanain agus cruth-atharrachadh beatha an teaghlaich

Air a deasachadh leis an Dr Huw Lewis, an Dr Elin Royles agus an Ollamh Wilson McLeod

An Dàmhair 2017



Website: revitalise.aber.ac.uk



Email: revitalise@aber.ac.uk



Twitter: [@revitalise](https://twitter.com/revitalise)

Geàrr-chunntas

- Tha am pàipear seo na aithris air an dàrna bùth-obrach aig a' phròiseact Revitalise, a chaidh a chumail aig Oilthigh Dhùn Èideann air 8-9 Sultain 2017. B' e amas na bùth-obrach, air an robh an tiotal '**Ath-bheothachadh cànan agus cruth-atharrachadh beatha an teaghlaich**', a bhith a' meòrachadh gu breithneachail air na h-impleachdan a th' aig na h-atharrachaidhean a chunnacas bho chionn ghoirid anns na dòighean a tha teaghlaichean a' cur am beatha làitheil air dòigh agus a' toirt cùram do chloinn air ar tuigsean air mar bu chòir ath-bheothachadh cànan a ghabhail os làimh. Tha na prìomh cho-dhùnaidhean ag èirigh bhon bhùth-obrach air an liostadh gu h-ìosal.
- **Clann mar actairean sòisealta (tdd. 6-7).** Tha rannsachadh bho chionn ghoirid anns an raon sgrùdaidhean òige a' cur cuideam air cho riatanach 's a tha e a bhith a' coimhead air clann mar actairean sòisealta aig a bheil dèanadachd fa leth. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh gu bheil comas aig cloinn roghainnean agus beachdan a chur an cèill no buaidh a thoirt air cùisean; faodaidh e cuideachd ciallachadh gum bi còirichean aig clann agus comas an cleachdadh. Feumaidh rannsaichean agus gnìomhaichean a tha ag obair ann an raon ath-bheothachaidh cànan beachdachadh gu faiceallach air na tuigsean seo: dè thigeadh an cois a bhith a' gabhail ri dòigh-obrach ath-bheothachaidh cànan a tha air a fiosrachadh le còirichean chloinne?
- **Poileasaidh cànan teaghlaich agus laigsean an rannsachaidh a th' ann an dràsta (tdd. 7-8).** Ged a chunnacas fàs mòr anns na deicheadan mu dheireadh a thaobh na tha de rannsachadh a tha a' coimhead air poileasaidh cànan teaghlaich, tha an obair a rinneadh gu ruige seo cuingealaichte. Mar eisimpleir, tha an litreachas buailteach a bhith a' cuimseachadh gu ìre mhòr air cleachdaidhean cànan taobh a-staigh theaghlaichean dà-phàrant, eile-sheòrsach a tha a' fuireach anns na dùthchannan an Iar. Cha tug e air don iomadachd a tha a' sìor fhàs follaiseach ann an structar aonadan teaghlaich le bhith a' sgrùdadh, mar eisimpleir, nan suidheachaidhean sònraichte aig teaghlaichean aon-phàrant agus cuideachd teaghlaichean le pàrantan gèidh.
- **Prìomh cheistean a thaobh coincheapachadh an tar-chuir eadar ginealaich (tdd. 8-9).** Thathas a' cur cuideam sa choitcheannas air pròiseas an tar-chuir eadar ginealaich mar phrìomh adhbhar ùidh anns an dà litreachas poileasaidh agus litreachas rannsachaidh a tha a' buntainn ri ath-bheothachadh cànan. Ach, tha measadh ciallach air cudromachd an tar-chuir eadar ginealaich air a bhacadh air sgàth 's nach eil am pròiseas air a coincheapachadh gu riarachail ruige seo. Feumar barrachd aire a thoirt don chothromachadh eadar buaidh fhactaran taobh a-staigh na dachaigh agus fhactaran sòisealta taobh a-muigh na dachaigh, agus cuideachd ris an ròl ghnìomhach a tha aig cloinn ann a bhith a' cumadh cleachdaidhean cànan teaghlaich.
- **In-stèidheachadh, proifeiseantachadh agus riaghladh solar cùraim-chloinne (tdd. 10-12).** Seach gu bheil teaghlaichean a' dèanamh barrachd feum de raon sholaraidhean

cùram cloinne ro-sgoile agus às dèidh sgoile (sgoiltean-àraich latha, luchd-cùraim cloinne clàraichte, cròileagain, clubaichean às dèidh sgoile msaa), chaidh frèaman poileasaidh agus reachdail a thoirt a-steach gus an raon a riaghladh agus thathas a' cur cudrom nas treasa air an riatanas gum bi teisteanasan iomchaidh aig an luchd-obrach. Tha leasachaidhean mar seo a' ciallachadh gu bheil mòran bhuidhnean no iomairtean a tha ag amas air togail mhion-chànanan am measg clann òga a-nis ag obair ann an àrainneachdan riaghlaidh iom-fhillte, agus gum feum iad sreath shlatan-tomhais a choileanadh nach eil ceangailte gu dìreach ri cànan.

- **Comasan cànanain agus beachdan phàrantan (td 12-14).** Dh'fhaodadh iomairtean a tha ag amas air leudachadh ann an sealbh agus cleachdadh mion-chànan am measg clann òga buannachd fhaighinn bho bhith a' toirt barrachd aithne don chaochlaideachd ann an comasan cànanain phàrantan. Bidh cuid de phàrantan a' feuchainn ris an cànan a thar-chur fileanta ach bidh misneachd a dhìth air feadhainn eile, air diofar adhbharan. A thuilleadh air sin, dh'fhaodadh gum bi cuid de na teaghlaichean a tha a' taghadh foghlam tro mheadhan mion-chànan airson an cuid cloinne air an stiùireadh le adhbharan seach gleidheadh agus ath-bheothachadh cànanain, leithid miann air na buannachdan cognatach a thathas a' sùileachadh an cois an dà-chànanais.
- **Buaidh teicneòlais air pàtranan eadar-obrachaidh taobh a-staigh dachaigh an teaghlaich (td. 14).** Tha teicneòlas didseatach a' toirt atharrachadh air mar a tha buill teaghlaichean ag eadar-obrachadh le chèile, agus gu sònraichte, mar a bhios clann òga a' cluich agus ag ionnsachadh. Air an adhbhar seo, feumaidh an fheadhainn a tha an sàs ann an ath-bheothachadh cànanain tuigsinn mar a ghabhas pàtranan de 'chluich dhidseatach' a chur gu feum a chum brosnachadh agus taiceachadh togail agus cleachdadh mhion-chànanan taobh a-staigh na dachaigh.